

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 8 | 2015 | AN LUNASDAL

Facal Toisich

Tha an t-Urras Nàiseanta ag iarraidh air daoine fuaimean co-cheangailte ris an tràigh agus ris a' chladach a chur air clàr. Tha fuaimean ann a bha bitheanta uaireigin nach cluinnear an-diugh, can an dùdach a bhiodh a' seirm nuair a bha ceò ann airson rabhadh a thoirt do luchd na mara, agus tha eagal air an Urras gum bi fuaimean eile ann nach cluinnear anns na làithean air thoiseach, gu h-àraidh eòin a tha a' fàs tearc.

A bheil fuaimean ann co-cheangailte ris an eaglais a dhùisgeas cuimhneachain nar cridhe no a bheir togail air choireigin dhuinn?

Tha trì eaglaisean anns an sgìr anns a bheil am Fear-deasachaidh a' fuireach far am bi e a' cumail sheirbheisean gu cunbhalach. Tha clag anns na trì eaglaisean a bhios air am bualadh gach Sàbaid. Tha fuaim nan clag mar gum biodh a' toirt cuiridh don t-sluagh tighinn don adhradh, ged nach eil a' chuid mhòr anns na sgìrean againn an-diugh, gu mì-fhortanach, a' gabhail ris a' chuireadh. Ach tha rud-eigin tarraingeach ann mu fhuaim clag na h-eaglais.

Fuaim cho tarraingeach agus a tha ann, 's e salm Gàidhlig air a sheinn anns an t-seann dòigh agus cuideigin a' togail an fhuinn. Bidh coigrich a' faireachadh gu bheil spionnadh agus spioradalachd anns an t-seinn sin nuair a chluinneas iad an toiseach i. Far a bheil coitheanal mòr agus guth ceòlmhor air ceann na seinn 's e fuaim air leth drùidhteach a tha ann, fiù 's do dhaoine nach tuig na faclan.

Gach oidhche Sàbaid bidh Ràdio nan Gàidheal a' cur a-mach seirbheis Ghàidhlig a chaidh a chraobh-sgaoileadh 's dòcha fichead bliadhna no dà fhichead bliadhna air ais. Cluinnidh sinn guth searmonaiche nach eil beò an-diugh agus tha sin a' dùsgadh iomadh cuimhneachan. Air dhaibh a bhith marbh, tha iad fhathast a' labhairt, mar a tha litir nan Eabhraidheach ag ràdh.

**Beannachd Dhè dhuibh uile,
Ruairidh MacLeòid.**



Seo an Eaglais an Ear ann an Inbhir Nis, mar a bha i ann an 1897. Chaidh pleitichean glainne a lorg nuair a bha an togalach ga leasachadh agus seo aon de na dealbhannan a bha orra. Tha an Eaglais an Ear air tè de na h-eaglaisean air tìr-mòr far a bheil seirbheis Ghàidhlig air a cumail a h-uile mìos. (Mòran taing do Thormod MacLeòid airson an seann dealbh seo a chur thugainn.)

Cùil nan Ceist

Anns a' Bhìoball tha sinn a' leughadh mu thomhas air a bheil "làmh-choille". 'S e mu ochd òirlich dheug a bha ann an làmh-choille. 'S e làmh-choille an cuspair a tha againn an turas seo. Tha freagairt nan ceist anns a' chaibideil anns a' Bhìoball a tha sinn ag ainmeachadh. Gheibh sibh am fuasgladh air an duilleig-chùil.

1. Cia meud làmh-choille a dh'fhaid a bha ann an àirc Nòah? (Genesis, caibideil 6.)
2. Lìon a' bheàrn – "Cò agaibh le _____ a dh'fhaodas aon làmh-choille a chur ra àirde fhèin." (Mata, caibideil 6)
3. Cia meud làmh-choille a bha na deisciobail o thìr? (Eòin, caibideil 21.)
4. Dè an àirde a bha ann an Goliath? (1 Sàmuel, caibideil 17.)

Searmon Gàidhlig an Ard-sheanaidh – 2

(Seo an darna pàirt den t-searmon a thug am Moderàtor seachad aig seirbheis Ghàidhlig an Ard-sheanaidh anns a' Chèitean, air a stèidheachadh air *Ephesianach 1:15-23*.)

Tha e annasach nuair a tha ùrnaigh Phòil a' gluasad bho bhith 'na taingealachd gu bhith 'na h-athchuinge airson nan caraidean aige ann an Ephesus, nach eil e ag ùrnaigh gun toireadh Dia beannachdan dhaibh a bharrachd air na tha E air a thoirt dhaibh mu thràth. Tha e ag aithneachadh gu robh iad air am beannachadh le 'gach beannachd spioradail'. 'S e an ùrnaigh a tha aige gum faiceadh iad nas soilleire agus nas soilleire mòralachd agus beairteas nam beannachdan a thàinig thuca o Dhia. Agus a-nis tha e ag iarraidh air Dia, mar gum biodh, lòchran soilleir a lasadh 'nan inntinn agus 'nan cridhe; gun deidh spiorad gliocais, tuigse agus eòlais a thoirt dhaibh (rann 17), gun deidh solas Chrìosd a shoillseachadh 'nan cridhe agus 'nan inntinn. B'e an ùrnaigh aige gum biodh e comasach dhaibh iongantach agus glòir na tha Dia a thoirt dhuinn ann an Crìosd, fhaicinn nas soilleire buileach.

Tha eallach de mhòran dhraghan is fheumalachdan air an eaglais an-diugh, mar a bha anns a h-uile linn. Dh'fhaodadh sinn gu ceart a bhith a' caitheamh mòran ùine a' beachdachadh air na nithean sin agus bidh sinn a' dèanamh sin mu chuid dhiùbh aig coinneamhan an Ard-sheanaidh anns na làithean a tha air toiseach oirnn. Tha iad uile air leth cudthromach. Ach, tha Pòl a' cur a chorraig air an rud as fheumaile buileach don eaglais – mar a tha fìor mun a h-uile deisciobal – 's e sin gum biodh eòlas nas doimhne aca a' fàs ar Crìosd fhèin, ar Slànaighear agus ar Maighistir. B'e sin an glòir-mhiann as àirde a bha aig Pòl fhèin; 'gum faighinn eòlas air'. 'S e am feum as motha a tha aig an eaglais gum biodh an Spiorad Naomh gar stiùireadh uile a dh'ionnsaigh dàimh nas dlùithe dha agus gràdh do dh'losa fhèin.

Seach gu bheil sinn annsan tre chreideamh 's ann le bhith a' tarraing nas fhaisge air, mar spògan ri meadhan cuibhle, a thig sinn ann an gràdh nas fhaisge air a chèile.

Tha Pòl ag ùrnaigh gum faigheadh an eaglais ann an Ephesus sealladh nas soilleire air trì nithean gu sònraichte. Sealladh nas fheàrr air an dòchas mhòr do bheil iad air an gairm. Bha mòran eudòchais anns an t-saoghal anns a' cheud linn dìreach mar a tha anns an t-saoghal againn an-diugh. Ann an Crìosd ann an dòchas as glòrmhoire agus as urrainn smaoineachadh air a thoirt dhuinn agus thathas ag iarraidh oirnn a bhith beò gach latha anns an t-solas aige agus lòchran an dòchais sin a shoillseachadh don a h-uile neach mun cuairt oirnn.

An uair sin tha e ag ùrnaigh gum bi e comasach don eaglais a bhith a' faicinn nas soilleire agus nas soilleire mar a tha e ag ràdh 'saidhbhreas glòir a oighreachd-san (Dhè) anns na naoimh' (rann 18). Leis an sin tha e a' ciallachadh gu bheil e ag iarraidh gum faic sinn uile cho iongantach agus a tha e gur e sinne oighreachd Dhè fhèin; gum buin sinn don teaghlach aige; gu bheil gràdh aige dhuinn le gràdh neo-bhàsmhor a chridhe; agus gu bheil sinn nas luachmhoire dha nas urrainn do ar smuaintean a thuigse no ar briathran aithris. Tha e ag ùrnaigh mar seo gus am bi an eaglais nas èifeachdaiche mar mheadhan air gràdh is gràs Dhè agus mar cho-fhulangas ann an saoghal a tha nas fheumaich air Dia na air nì sam bith eile.

Agus tha Pòl ag ùrnaigh gum bi sealladh nas soilleire anns an eaglais mun chumhachd a tha ag obair annainn agus tromhainn. Tha Pòl ag aithneachadh nach ann leinn fhèin idir a tha an cumhachd a bheir na thathas a' dèanamh anns an eaglais airson rìoghachd Dhè a thogail, gu bhith 'na thoradh. Is e cumhachd Dhè fhèin e.

Aig amannan cluinnidh sinn cuid ag ràdh an eaglais anns an Taobh an Iar, ann am Breatann, a' bàsachadh; gu bheil na làithean aice seachad. Agus tha fios againn dè a tha ag adhbhrachadh a' bheachd sin. Ach tha fàidhean crìche na h-eaglais air dearmad a dhèanamh air aon fhìrinn mhòir. Chan ann leatha fhèin a tha

Leabhraichean

Nuair a bha an iris seo ga h-ullachadh, bha bruidheann gu bheil Pàrlamaid na h-Alba an dùil crathadh a thoirt air cò aig am bi sealbh air fearann na dùthcha. Tha e air a ràdh gu bheil sia duine deug aig a bheil sealbh air an deicheamh cuid den dùthaich. Nuair a tha ceist an fhearainn air beulaibh an t-sluaigh bidh mòran a' leughadh an leabhair seo a dh'fhoillsich Andy Wightman an toiseach ann an 2010 agus a thàinig a-mach a-rithist ann an 2013.

Tha uachdarain ann aig a bheil oighreachdan a tha air leth mòr. Bha uachdarain ann a bha bàigheil ris an t-sluaigh a bha a' fuireach air an fhearann agus nach cuireadh bacadh air obair a bha aig a' choimhearsnachd ri chur air adhart. Bha agus tha uachdarain eile ann a bha airson cùisean a chumail mar a bha iad anns an naodhamh linn deug. Bidh iad a' cur an aghaidh taighean a bhith air an ceannach no air an togail air an oighreachd aca.

**The Poor Had No Lawyers
Who Owns Scotland
(And How They Got It)
Andy Wightman
(Birlinn £12.99.)**

Tha an t-ùghdar a' toirt tarraing air eileanan far an d'fhuair an sluagh cothrom sealbh a ghabhail air an fhearann aca fhèin, Eige agus Giogha. Ged a bha duilgheadasan anns an t-slighe, tha na h-eileanan beaga sin air soirbheachadh. Tha eisimpleirean againn air oighreachdan a tha ann an làmhnan an t-sluaigh, leithid Urras Steòrnabhaigh, a tha air obair mhath a dhèanamh bho chaidh a stèidheachadh ann an 1923.

Tha an t-ùghdar air rannsachadh domhainn a dhèanamh air ceist an fhearainn. Tha e air sgrùdadh a dhèanamh air eachdraidh na ceist seo ann an Alba, gu h-àraidh air a' Ghàidhealtachd. 'S e ceist gle thoinnte a tha seo ach tha Andy Wightman ag innse gu soilleir mar a tha e a' faicinn gum feum leasachaidhean mòra a bhith air an dèanamh airson gum bi fearann na h-Alba air a roinn ann an dòigh nas cothromaiche a-chum maith na coimhearsnachd. Bidh mòran a' tilleadh chun an leabhair seo anns na mìosan a tha romhainn.

Saighdearan Sgitheanach

Ann an Eilean Sgitheanach tha baile beag air a bheil *Waterloo*. Air an t-samhradh seo bha sinn a' cumail cuimhne air a' bhàr bhluiteach anns an deachaidh stad a chur air Napoleon Bonaparte. Tha e air a ràdh gu robh mìle agus sia ceud saighdear a' Cheò aig Waterloo. Thugadh fearann do na saighdearan a thàinig dhachaigh on bhàr.

Bha an t-Oll. Urr Tormod MacLeòid (*Caraid nan Gàidheal*) ag innse anns an dà fhichead bliadhna o 1797 gun do ghabh deich mìle saighdear cumanta às an Eilean anns an Arm agus corr is sia ceud oifigeach agus àrd-oifigeach.

Thug co-ogha Caraid nan Gàidheal, an t-Urr. Ruairidh MacLeòid (*Maighistir Ruairidh*), tarraing air na h-àireamhan sin aig Ard-sheanadh na h-Eaglaise Saoire. Chuir esan an cuimhne an luchd-èisteachd gu robh iomadh Sgitheanach cuideachd anns a' Chabhlach Rìoghail anns na bliadhnan sin.

Rugadh Tormod MacLeòid ann am Brunal anns an eilean Sgitheanach ann an 1773. Bha e ann an rèiseamaid Ghàidhealach a thug ionnsaigh air na Fraingich aig Bàgh Aboukir anns an Eiphit ann an 1801. Anns an leabhar, *The Men of Skye*, tha Ruairidh MacGobhainn, a' togail dà shreath a aon de na dàin a chuireadh ri chèile aig an àm –

*Na thuit an Cogadh na h-Eipheit,
Saoil an èirich iad còmhla?*

Chaidh Tormod a leòn agus thill e a dh'Alba. Eadar 1807 agus 1813 bha an t-Urr. Iain Dòmhnallach (*Dòmhnallach na Tòiseachd*) 'na mhinistear anns an Eaglais Ghàidhealach agus bha buaidh aig na searmoinean aige-san air MacLeòid.

Thill Tormod MacLeòid don Eilean Sgitheanach mar mhaighistir-sgoile Gàidhlig. Aig àm an Dealachaidh ann an 1843 rinn e obair mhòr as leth na h-Eaglaise Saoire. Bha e sgileil ann a bhith a' togail an fhuinn, agus tha e coltach gur e *Martrydom* am fonn a b'fheàrr a bha a' còrdadh ris. Chuir e grunn laoidhean ri chèile. Fhuair Tormod Saighdear bàs ann an 1858.

cumhachd na h-eaglais ach leis an Tighearna aice. Agus tro Spiorad Dhè tha sin againn agus aig làn eaglais losa Crìosd. 'S e seo an cumhachd a chuir Crìosd anns an rìgh-chaitheir mar Thiighearna thairis air a' chruinne-chè, leis an uachdaranachd a ruigeas mar a tha sinn a' leughadh anns an t-salm, 'o fhainge gu fairge, agus on abhainn gu ruig crìochan na talmhainn.' (Salm 72:8) 'S e seo an cumhachd a tha a' gealltainn buaidh aig a' cheann thall aig solas thairis air dorchadas, ceartas thairis air ainneart, math thairis air olc, beatha thairis air bàs. 'S e seo an cumhachd a bheir comas dhuinn beatha ùr a bhith againn agus a nì sinn mar sheirbheisich umhail do dhaoine eile a' leantainn eisimpleir Chrìosda fhèin.

Tha na dùbhlannan a tha fa chomhair na h-eaglais anns na làithean seo mòr da-rìreabh. Bhiodh e gòrach gun a bhith a' gabhail ris an sin. Ach mar a thèid sinn air adhart ann an creideamh agus gràdh agus dòchas, le bhith a' toirt seirbheis do Chrìosd ar Tighearna, feumaidh sin cuimhneachadh an-còmhnaidh gu bheil an cumhachd a tha leinn comasach air 'na h-uile nithean a dhèanamh gu h-anabarrach ro-phailt, thar gach nì as urrainn dhuinn iarraidh no smaoinichadh' (Ephesianaich 3:20).

Thubhairt am miseanaraidh ainmeil do na h-Innseachan, Uilleam Carey, aon uair, 'Bithibh a' dùileachadh rudan mòra bho Dhia; bithibh a' fiachainn air rudan mòra airson Dhè.' Tha Pòl air sealltainn dhuinn mar a nì sinn sin. Gum b'e an ùrnaigh aige-san airson na h-eaglais an ùrnaigh a bhiodh againne dha chèile anns na làithean sin. Agus gun toireadh Dia gu gràs-mhor dhuinn tron Spiorad Naomh aige freagairt nas fharsainge na gach brудар a bhiodh againn, gus am biodh a rìoghachd air a togail suas agus gus am faigheadh e an t-urram agus am moladh. Ann am briathran an t-salmadair:

Nuair thogar Sion suas le Dia

Taisbeanar E 'na ghlòir.

Urnaigh nam bochd bheir E fa-near,

'S cha diùlt E iad le tàir. (Salm 102:16, 17)

Gàidhlig Shìmplidh



Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "Is beannaichte an duine sin aig a bheil a neart annadsa." Tha na

faclan sin anns a' cheathramh salm thar cheithir fichead, aig a' chòigeamh rann. (Salm 84:5.) Anns a' Bhìoball tha sinn a' leughadh mu iomadh neach a tha "beannaichte". 'S e *sona* as ciall don fhacal beannaichte. Na daoine anns na Sgrìobtaran a tha beannaichte, sona, tha iad beannaichte a chionn gu bheil dàimh aca ri Dia. Tha an salmadair ag ràdh an seo gu bheil daoine beannaichte nuair a tha iad a' faighinn neirt o Dhia.



A h-uile mìos bidh mi a' cumail seirbheis ann am baile brèagha. Bidh mòran luchd-turais a' tadhal air a' bhaile sin

gach samhradh. Ach cha bhi ach beagan dhiùbh a' tighinn don eaglais. An Didòmhnaich mu dheireadh a bha mi ann bha na ficheadan de luchd-turais air na sràidean. Ach cha tàinig ach trìuir dhiùbh chun na seirbheis. Bha boireannach à Canada ann a bha a' tadhal air an àite às an do dh'fhalbh a sinnsearan. Bha càraid anns an eaglais à Sasainn. Bidh iadsan a' dol don eaglais a h-uile turas a bhios iad air chuairt ann an Alba. Bhiodh e math nan biodh dòigh ann cuireadh a thoirt don luchd-turais air fad tighinn don eaglais.



Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Is math an t-uaireadair a' bhrù, an t-sùil, is an coileach." (The belly,

the eye and the cockerel are good timepieces.) Tha gliocas anns na seanfhacail. Nuair nach robh uaireadairean aig daoine bha dòigh aca air tomhas a dhèanamh air an uair. Thuigeadh iad nuair a bha e a' tighinn faisg air àm bidh. Bha an t-acras a' tòiseachadh. Chìtheadh iad len sùilean càit an robh a' ghrian. Nuair a bha an coileach a' gairm bha fios aca gu robh a' mhadainn air tighinn.



Am bliadhna bha mi aig seirbheis phòsaidh ann an Leòdhas agus air a' mhìos seo tha dùil agam a bhith aig

pòsaidh ann an Inbhir Nis. Tha e math a bhith a' faicinn càraid a' gabhail bòidean a' phòsaidh. Tha e math cuideachd a bhith a' coinneachadh ri càirdean nuair a tha pòsaidh ann. Bidh feadhainn ann nach faca sinn bho chionn iomadh bliadhna. 'S e "teaghlach a' chreidimh" a tha anns an eaglais. Tha an co-chomann a tha againn anns an eaglais cudthromach. Anns a h-uile teaghlach bidh an fheadhainn as sine a' toirt taic don fheadhainn as òige.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

Thall 's a-Bhos

RANN

*Nach builich Thu do ghràs orm,
'S de chreideamh Abrahàim chaoimh;
'S na fàg mi an àireamh-san
Tha toirt gràidh don t-saogh'l.*

Seo sreathan à laoidh a chuir Tormod MacLeòid, Tormod Saighdear, às an Eilean Sgitheanach ri chèile. Chan eil sgeul air a' chuid mhòir de na dàin spioradail aige an-diugh. Tha iomradh againn air MacLeòid am broinn nan *Duilleag*.

FAGAIL BHARABHAIS

Tha an t-Urr. Pòl Amed air uallach coitheanail a leigeil dheth, an dèidh a bhith 'na mhinistear ann am Barabhas o 2008. Buinidh Mgr. Amed do Bhirmingham, agus an dèidh dha a dhol tron fhòghlam ann an Oilthaigh Obar Dheadhain, eadar 1986 agus 1991, fhuair e cead-searmonachaidh o Chlèir Leòdhais anns an Og-mhìos 1991. Ann an 1992 chaidh a phòsadh ri coitheanal Wrangholm ann an Clèir Hamilton ann an 1992. Tha sinn a' toirt taing dha airson a sheirbheis don eaglais air tìr-mòr agus anns na h-eileanan, agus tha sinn a' guidhe dha gach beannachd. Cha bhi ministear a-nis aig Eaglais na h-Alba ann an ceann a tuath Leòdhais a chionn gu bheil sgrì Nis agus sgrì Bharabhais bàn.



Anns na làithean seo tha iomadh cuimhneachadh ga chumail air a' Chogadh Mhòr. Anns an dealbh seo chì sibh seirbheis a chumadh aig àm a' Cheud Chogaidh. Bhiodh Gàidheil am measg nan saighdearan a bha ag èisteachd ri facal Dhè an latha sin agus iad ag ullachadh airson a' chath. Bhiodh gu leòr de bhuill a' choitheanail sin nach do thill dhachaigh.

FUASGLADH NAN CEIST

Chuir sinn ceistean oirbh mu àiteachan anns a' Bhìoball far a bheil làmh-choille air ainmeachadh. Seo na freagairtean.
1. Trì cheud. 2. — mòr-chùram — 3. Dà cheud. 4. Sia.

OILEANAICH URA

Tha Eaglais na h-Alba air oidhirp mhòr a dhèanamh airson toirt air daoine a bhith a' smaoinichadh air obair na ministrealachd. Tha sinn a-nis a' faicinn toradh na h-obrach sin. Tha barrachd dhaoine air ùidh a nochdadh ann a bhith 'nam ministearan air na bha ann bho chionn iomadach bliadhna. Bho chionn ghoirid

chaidh trì duine deug a ghabhail a-steach airson cùrsa na ministrealachd le còignear eile gu bhith ag ullachadh airson a bhith 'nam ministearan ionadail. Bha sinn toilichte fear à Steòrnabhagh, Daibhidh MacNeacail, a chluinntinn a' bruidheann air prògram Gàidhlig mun cheum a tha esan a' gabhail airson a bhith ag ullachadh airson na ministrealachd. Bha e ag obair ann an telebhisean ach bidh e a-nis a' dol gu Colaisde Dhiadhachd na Gàidhealtachd, ag ullachadh airson a bhith a' craobh-sgaoileadh an t-Soisgeil.

ADHBHAR GAIRE

Bha an t-Urr. Ruairidh MacLeòid (*Maighistir Ruairidh*) turas ann an Lunnainn aig cruinneachadh mòr far an robh daoine às gach eaglais. Chuir e air an trusgan rud-eigin spaideil a bha air nuair a bha e 'na Mhoderàtor air Ard-sheanadh na h-Eaglaise Saoire. Thàinig ministear on Eaglais Shasannaich far an robh e. "An e Easbaig Cape Town a tha agam an seo?" ars esan. "O chan e," thubhairt MacLeòid. "Is mise Easbaig an Eilein Sgitheanaich." Ann an dòigh bha e ceart – bha bliadhnan ann nuair nach robh ministear aig an Eaglais Shaoir ach Maighistir Ruairidh agus bha na bha aige de cheàrnaidhean a fhrithealadh cho farsaing ri sgrì easbaig.

Urnaigh

A Dhè nan gràs,
a tha a' dèiligeadh rinn
chan ann a rèir ar n-airidheachd
ach a rèir ar feum,
tha sinn a' toirt taing dhut airson do thròcairean.
Tha sinn gad mholadh
nach eil Thu ag amharc air ar peacaidhean
ach air ar Slànaighear Iosa Crìosd
a sheas nar n-àite air a' chrann-cheusaidh
agus air obair na slàinte a chrìochnaich Esan
airson mathanas agus saorsa a chosnadh dhuinne.

Amen

An dealbh air an aghaidh:
Seo pàirt de bhaile na Fuirneis,
far a bheil am Fear-deasachaidh a' fuireach.
Thogadh an dealbh seo ceud bliadhna air ais.
Chithear air an làimh cheàrr
an fhuirneis a thug an t-ainm don bhaile
far an robh leaghadair iarainn
ag obair on bhliadhna 1755.